


Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

OIFIGEAR TRUSAIDH LUCHD-TEAGAISG A' TAISBEANADH CHOTHROMAN

20 An t-Sultain 2010

Bidh an t-oifigear trusaidh luchd-teagaisg Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig a' tadhal air Eilean Leòdhais air an t-seachdain seo. Mar phàirt den iomairt *Gabh an Cothrom* gus barrachd dhaoine a thàladh gu dreuchdan ann am foghlam Gàidhlig, bidh Morna NicLeòid a' tadhal air Sgoil MhicNeacail agus cuideachd bidh i an làthair aig Fèill Dreuchd Careers Hebrides.

Fhad 's tha i san sgoil bheir Morna seachad taisbeanadh do ghrunnan chlasaichean Gàidhlig – eadar S3 agus S6; luchd-ionnsachaidh agus fileantaich - mu na cothroman a tha ann dhaibh san àm ri teachd ann am foghlam Gàidhlig. Thèid fiosrachadh a thoirt seachd mun t-slidge gu teagasg tron Ghàidhlig agus bidh cothrom ann cuideachd dha na sgoilearan breithneachadh air an roghainn farsaing a th'ann de dhreuchdan dham bheil a' Ghàidhlig feumail.

"Tha e cudromach gum bi fhios aig a' chlann gu bheil pailteas de chothroman ann dhaibh ann am foghlam Gàidhlig sam àm ri teachd" thuirt Morna. "Tha a bhith a' tadhal air sgoiltean aig cridhe na h-iomairt barrachd dhaoine a thàladh gu teagasg Gàidhlig, feuch sgoilearan am brosnachadh a dhol an sàs sna cothroman sin. Ma 's e gu bheil barrachd leudachadh gu bhith ann air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig san àm ri teachd, bidh feum againn air tuilleadh luchd-teagaisg aig a bheil ùidh is misneachd an ath ghinealach oideachadh ."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuirt Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain A MacAoidh: "Tha amasan a Bhùird gus àireamhan luchd labhairt na Gàidhlig àrdachadh mar a th'air an cur an cèill sa phlana Ginealach Ur na Gàidhlig a' ciallachadh gum bi feum air ginealach ur de luchd teagasg aig gach ire. Tha an tionnsgnadh a tha Morna a' cur air adhart air leth cudromach mar phàirt den iomairt seo."

Bidh Morna ann an Leòdhas air an 22mh agus an 23mh den t-Sultain 2010.

Fiosrachadh do luchd-deasachaidh

Tha Bòrd na Gàidhlig os cionn na h-iomairt trusaith luchd-teagaisg air a bheil Gabh an Cothrom.

Thòisich foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an 1985.

Tha 60 bun-sgoil a' tabhann Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus 41 àrd-sgoil a' tabhann clasaichean Gàidhlig (Gàidhlig do dh'fhlileantaich no Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh no an dà chuid) ann an Alba an-dràsta. Tha grunn àrd-sgoiltean cuideachd a' tabhann chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha cothroman ann a bhith a' teagasg tron Ghàidhlig aig ìre sgoil-àraich agus bun-sgoile, agus Gàidhlig a teagasg mar chuspair agus grunn chuspairean a thoirt seachad tron chànan aig ìre àrd-sgoile.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Tha *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a' cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12 agus ri riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ag ath-phriomhachadh ghoireasan agus ghniomhan gus meudachadh air togail càinain a thoirt gu buil mean air mhean.

Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig ag ath-aithris cho cudromach 's a tha foghlam tron Ghàidhlig.

Airson tuilleadh fiosrachaidd mun iomairt trusaiddh, no mu *Ginealach Ùr na Gàidhlig* faic www.gaidhlig.org.uk

No cur fios dhan ofis air 01463 225 454; oifis@gaidhlig.org.uk no gu Morna NicLeòid air 07901 558 138; morna@gaidhlig.org.uk.

CRÌOCH

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



TEACHER RECRUITMENT OFFICER PRESENTS CAREER OPPORTUNITIES

20 September 2010

The National Gaelic Teacher Recruitment officer, based at Bòrd na Gàidhlig, will this week be visiting the Isle of Lewis. As part of the national campaign *Gabh an Cothrom* (meaning Take the Opportunity) to encourage more people to consider Gaelic teaching as a career, Morna MacLeod will be visiting pupils at the Nicholson Institute and also attending the Careers Hebrides fair.

During her visit, she will give a presentation to various Gaelic classes – from S3 to S6: fluent speakers and learners – about career opportunities in Gaelic Education. The various routes to teaching in Gaelic will be discussed and the pupils will also have a chance to consider the wide range of other jobs there are for which Gaelic is useful.

"It's important that the pupils know there are lots of career opportunities in Gaelic medium education" Morna said. "Visiting schools is at the heart of the initiative to promote Gaelic teaching as a career, where we try to encourage the pupils to grasp these opportunities. If Gaelic education is to continue to grow, we will need motivated and confident teachers to educate the next generation."

Bord na Gaidhlig Ceannard, John A MacKay, said: "The Bord's plans to increase the numbers of Gaelic speakers as set out in the plan Ginealach Ur na Gaidhlig (The New Gaelic Generation) mean that we will need a new generation of teachers at each level of Gaelic education. The initiative which Morna is fronting is a very important part of this enterprise."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Morna will be Lewis on the 22nd and 23rd of September.

Notes to Editors

The teacher recruitment initiative, Gabh an Cothrom, is being run by Bòrd na Gàidhlig.

Gaelic Medium Education started in 1985.

There are currently 60 primary schools that offer Gaelic medium education and 41 high schools that offer Gaelic as a subject (be it Gàidhlig, Gaelic learners or both) in Scotland at the moment. A number of high schools also offer subjects through the medium of the language.

There are opportunities to teach in Gaelic at pre-school and primary level, and to teach Gaelic as a subject as well as various other subjects through the medium of the language at high school level.

Ginealach Ùr Na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to support an incremental increase in learning and using Gaelic.

Ginealach Ùr na Gàidhlig is equally clear about the importance of Gaelic medium education.

For more information about *Gabh an Cothrom* or *Ginealach Ùr na Gàidhlig* please visit

www.gaidhlig.org.uk

Fòn: 01463 225 454

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



www.gaidhlig.org.uk

Or contact the office on 01463 225 454; oifis@gaidhlig.org.uk or Morna MacLeod on 07901 558 138; morna@gaidhlig.org.uk.

ENDS